

Geàrr-iomradh

Anns an aithisg seo gheibhear toraidhean an sgrùdaidh a rinn Comataidh na h-Eaconamaidh Dùthchail is Cheanglaichean air na prìomhachasan a th' ann gus lagh na croitearachd ath-leasachadh. Chithear na prìomh cho-dhùnaidhean is molaidhean aig a' Chomataidh gu h-ìosal—

Beachdan a thaobh reachdais

- Tha a' Chomataidh den bheachd gu bheil e fìor dheatamach gum bi am bile a thathar a' moladh mar bhun-stèidh reachdail a bhios: a' freagairt air an dòigh-beatha is na dòighean-obrach a th' aig croitearan san latha an-diugh; a' gabhail ealla ris na feuman a th' aig croitearan agus ris na tha iad a' rùnachadh agus ris na tha dhìth air daoine a tha airson a bhith an sàs ann an croitearachd; agus a bhios ag amas air croitearachd mar dhòigh-beatha a chur air stèidh sheasmhach.
- Tha a' Chomataidh cuideachd den bheachd gum feumar stad a thoirt earrainnean reachdais is achdan a-steach mìr air mhìr, oir chaidh grunn achdan croitearachd a thoirt a-steach sna beagan bhliadhnaichean a dh'fhalbh. Mar sin, bu chòir don bhile a thathar a' moladh a bhith na bhile farsaing agus iomlan a dhèiligeas ris an uiread as urrainnear de na duilgheadasan a chomharraich muinntir na croitearachd a bha feumach air fuasgladh.
- Bu chòir do na molaidhean a gheibhear san aithisg aig a' Bhuidheann Sump airson Laghan Croitearachd a chleachdadh mar bhunait airson tuilleadh beachdachaidh a dhèanamh air na molaidhean a th' ann airson an reachdas ath-leasachadh.
- Tha a' Chomataidh cuideachd den bheachd gum bu chòir farsaingeachd de sgrìobhainnean stiùiridh mionaideach a bhith ann còmhla ris an reachdas ùr a bhios furasta am faotainn, feuch gum bi e nas fhasa don a h-uile duine an sàs ann an croitearachd buaidh nan cumhachan reachdail a thuigsinn agus an cur an sàs.
- Tha a' Chomataidh ag iarraidh air Riaghaltas na h-Alba a dhèanamh cinnteach gum bi an clàr-ama airson a' bhile air a dhealbh ann an dòigh a nì cinnteach gum bi ùine gu leòr aig a' Phàrlamaid sgrùdadh mionaideach a dhèanamh air a' bhile; agus dèanamh cinnteach gun tèid am bile a chrìochnachadh ann an deagh àm ro dheireadh an t-seisein seo den Phàrlamaid.
- Tha a' Chomataidh a' gabhail ris 's dòcha nach bi feum air cumhachan reachdail airson fuasgladh fhaighinn air gach prìomh chùis a chaidh a chomharrachadh a thaobh croitearachd. Tha iad den bheachd nach bu chòir dàil a bhith ann ann a bhith dèiligeadh ris a' leithid de chùisean fhad 's a thathar ag ullachadh reachdas ùr.

Poileasaidh Croitearachd

- Bu chòir do Riaghaltas na h-Alba aithris ùr is shoilleir a dhealbh agus ullachadh air a' phoileasaidh croitearachd iomlan aca a bhios an uair sin mar stiùir do phrògram reachdais a bheir am poileasaidh sin gu buil.

Leasachaidhean Croitearachd

- Seach gu bheil leasachaidhean cho cudromach do mar a bhios croitearachd a' dol air aghaidh san àm ri teachd, bu chòir do Riaghaltas na h-Alba tuilleadh bheachdan iarraidh air cò ris am bu chòir obair leasachaidh a bhith an urra, gus dèanamh cinnteach gum freagair an obair leasachaidh sin air na cinn-uidhe ann am poileasaidh croitearachd an Riaghaltais san dòigh as èifeachdaiche as urrainn.

Dreuchd nan Coimiseanairean Croitearachd a thèid a thaghadh

- Bu chòir beachdachadh gu faiceallach air an dreuchd agus na dleastanasan a th' aig na coimiseanairean a bhios air an taghadh aig Coimisean na Croitearachd agus bu chòir na dleastanasan sin a bhith air an dealbh mar phàirt den ath-leasachadh air laghan na croitearachd. Bu chòir barrachd leasachaidh a dhèanamh air na dleastanasan neo-dhreuchdail aig na coimiseanairean agus bu chòir an taobh neo-dhreuchdail sin den dreuchd a chur air adhart mar phrìomhachas.

An Clàr Croitearachd

- Bu chòir prìomhachas mòr a chur air a bhith cur crìoch air mapadh a' chùil-chinn. Tha a' Chomataidh ag iarraidh air Riaghaltas na h-Alba agus Coimisean na Croitearachd beachdachadh air ciamar a ghabhas sin dèanamh agus ciamar a ghabhas e a mhaoineachadh.

Neo-làthaireachd agus croitean de nach eil cùram ga ghabhail

- Bu chòir do Riaghaltas na h-Alba ath-sgrùdadh a dhèanamh air a' phròiseas gus dèiligeadh ri neo-làthaireachd agus croitean de nach eil cùram ga ghabhail, feuch a bheil dòighean ann san gabh am pròiseas a dhèanamh nas èifeachdaiche no nas fhasa.
- Tha a' Chomataidh ag iarraidh air Riaghaltas na h-Alba sùil a thoirt air cùisean gus faighinn a-mach carson nach eil comataidhean ionaltraidh ag ullachadh aithisgean bliadhnail air neo-làthaireachd is neo-chùram mar a bu chòir dhaibh fon reachdas agus an uair sin beachd a ghabhail feuch am bu chòir cur às don chumha reachdail seo no a chur an sàs gu ceart.

Taic do chroitearan ùra

- Tha a' Chomataidh a' cur fàilte air a' ghealladh aig Riaghaltas na h-Alba gus sgeama airson croitearan ùra a thoirt a-steach. Tha iad cuideachd a' cur fàilte air mar a dh'aontaich Rùnaire a' Chaibineit airson na h-Eaconamaidh Dùthchail is Cheanglaichean coimhead air mar a ghabhadh pàirtean den chùl-

chinn a chur gu feum gus croitean ùra a chruthachadh, mar phàirt den sgeama ùr seo.

Croitearan le seilbh air croit

- Tha a' Chomataidh den bheachd gum bu chòir coimhead gu mionaideach air na roghainnean a th' ann gus dèiligeadh ri croitearan le seilbh croit taobh a-staigh saoghal na croitearachd mar phàirt den cho-chomhairleachadh aig Riaghaltas na h-Alba.

Cùl-cinn

- Tha a' Chomataidh gu math cinnteach gum feumar an reachdas is an stiùireadh a bhuineas ri comataidhean ionaltraidh ùrachadh gus am freagair iad air na cleachdaidhean is suidheachaidhean a gheibhear san latha an-diugh. Tha iad ag iarraidh air Riaghaltas na h-Alba an t-ùrachadh seo a dhèanamh mar phàirt den ath-leasachadh a nithear air laghan croitearachd.
- Tha a' Chomataidh ag aontachadh gum bu chòir coimhead air na ceistean a thaobh a bhith cumail earrainnean sa chùl-chinn nuair a thèid còraichean croitearachd a reic, agus sin a dhèanamh mar phàirt den phròiseas gus an reachdas ath-leasachadh feuch a bheil atharraichean a dhìth.

Cuibhreannan fearainn beaga

Tha a' Chomataidh a' toirt an aire do na diofar bheachdan a th' aig luchd-ùidhe mu bhith dèanamh ceangal eadar reachdas airson croitearachd agus reachdas airson cuibhreannan fearainn beaga, agus bu chòir beachdan air sin a shireadh gu fada is farsaing, gus beachdan a ghabhail bho dhaoine le sealbh air cuibhreannan fearainn beaga agus bho chroitearan.